x + ✓

Mata 6[33]. "Iarraibh air tùs rìoghachd Dhè agus fhìreantachd, agus cuirear na nithean seo uile ruibh."

Is cinnteach leam gun robh an (ceist) an tagartas seo glè ~~annasach~~ neònach ann an cluasan an t-sluaigh a chuala iad an toiseach. Tha e cas-duilich do'n mhòr-chuid aca luach iomchuidh a chuir air a leithid de dh'earail ~~agus~~ na de ghealladh.

Rinn mòran uine seachad o'n là 'luibradh i ach nach 'eil sluagh an là 'n diugh (an toiseach) a cheart cho feumach air an ~~teagasg~~ earail cheudna. Tha an saoghal tuilleadh 's a chòir air an ~~aire~~ n-aire. Iomeasrachd mhòr i a bhith dhuinn bheachd gun teid againn air meas freagarrach a chuir air an ni as motha air am bheil sinn an feum gun spèis agus gun ro-aire.

Measair nithean spioradail air mhodh spioradail. Tha an inntinn fheòlmhor

bhailteach an duine fhagail gèarr-
-sheallach agus air bheag-breithneachaidh
labhair ar Slànaighear, gun teagamh,
air uairaibh, mar neach a bha saor
o chùram agus uallach cosnaidh.
Ach aig a cheart àm, is cubhaidh
dhuinn a chuimhneachadh gun do
shaothraich e iomadh bliadhna mar shaor.
Agus faodaidh sinn a bhith cinnteach
gun robh e dleasail agus snasail an
ceann a ghnothaich.
Ach air a shon sin, b'e a rinn gach
neach, a dh'fheudadh risa shaoradh
o ro-chùram agus iomagain mu nithean
aimsireil.
"Tha fhios aig 'ur n-Athair neamhaidh
gu bheil feum agaibhse air na nithean
seo – ach iarraibh air tùs rìoghachd
Dhè agus fhìreantachd agus cuirear
na nithean seo uile ruibh".
Tre dhàimh fhèin ri an Athair, agus

leis an làn-earbsa 'bha aige ann, bha e saor o gach gné eagail. Cha robh a h-aon riamh cho saor ris. Ach bha a shaorsa air a stèidheachadh air a rùn-suidhichte toil an Athar a roghnachadh air thoiseach air gach ni eile. "Na bith mo thoilsa, ach do thoilsa gu robh deanta." Chuir e annas agus roghnadh air, ioma uair, cho caoin-shuarach agus cho an-earbsach 'sa bha daoine a thaobh Dhé agus cho beag nàith (rùin an bha aca 'nam) sìorruidh fhéin. B'àithne dha gné agus togradh a chinne-daoine gu ro mhaith, ach ged a b'àithne, cha b'urrainn dha gun iongantas a ghabhail, air uairaibh, air rùn a mi-chreideamh.

Ann an seadh as saoire bha mis-thuarachadh na Diadhachd a' cur an geill, agus 'san do Chriosd a b'àithne nach deanadh na bu lugha na sin-fein chum peacaich a theàrnadh.

Labhair e fhéin mar nach do labhair
a h-aon riamh roimhe, ach, ged a'
labhair, nach minic a thuit a bhriathran
gràdhmhor air cluasan bodhar agus
air cridheachan, ~~cruaidh~~ cruaidh ana-creideach.
"Na briathran a tha Mise 'labhairt ruibh, is
spiorad agus beatha iad". ~~Ach air a shon~~
~~sin,~~ Bith a ghearain gu tric nach robh
[illegible] daoine g'an ~~toirt~~ fainear a chionn
gun robh an aire, air nithean mòr eile.
Bith a thairgse àraidh do chlann nan-
daoine - beatha shìorruidh - na h-uile
a chreideadh agus a ghabhadh ri'
theachdaireachd, a chuir ann an dàimh
daoine ri'n n-Athair Neamhaidh.
A nis bha Criosd ag ciallachadh le
rìoghachd Dhé - daoine a bhith beò do
Dhia, agus a ghluasad a réir a thoil.
Tha 'bheatha fhéin againn mar eisimpleir
air maise na beatha dha bàilteire Dia
agus a bha beò agus a ghluasad a réir

a rùin. Bha bheathasan ~~togta~~ suidhichte agus ~~suidhichte~~ togta air Dia, agus bha a bhuil. Dh'àrdaich e ar daonnachd, agus chuir e ìre-luach air beatha gach neach fa-leth. Nochd e càite an robh glòir an duine a co-cheasamh, agus dh'fhosgail an dorus dhuinn chum dol a steach do rìoghachd Dhè.

Ach mas maith leinn an rìoghachd seo a shealbhachadh, feumaidh sinn tionndadh risan, agus gnothach ar beatha a chur na' làimh. Agus thig rìoghachd Dhè, le 'beannachdan, nuair an fèin-fhìoradhach gach neach a dh'fhàilticheas Crìosd tre umhlachd-creideamh.

Guiomh nis, ciontaiche na nas ~~[illegible]~~ na ar cridhe fhosgladh dha, gu suilbhire, cha dean a h-aon againn an feasd. Gann na' fhìreantachdsan, a mhàin, a tha Dia deas agus toileach ar fàilteachadh le uile-chòirichean daoine.

Cha bhrist e ~~bròid~~ a steach le lamhachas
laidir, air cridhe sam bith, ach far am
faigh Dh e ~~cridhe fosgailte~~ fàilte, thig e gu deònach
a steach, agus bith sonas agus sìth na chearld.
Ghairm e sinn uile, thadhail oirnn uile,
dh'aslaich e oirnn uile an dorus fhosgladh
dha. An do dh'fhàiltich na an do
— air stairsneach ar cridhe?
dhoicheal sinn e; air neo, a' bheil e fhathast na sheasamh
Tha e ullamh gus a bheartas a roinn
ri gach neach a tha deas chum a chuid
a bhith aige, dheth air cumhnant a ghràidh.
Ach cha bhiadh na deoch rioghachd Dhè;
ach fìreantachd, sìth agus aoibhneas
'san Spiorad Naomh."
Agus is i deagh-thoil an Athar na h-uile
a bheir ùidheachd agus spèis dha Mhac,
-iad a bhith na' saoranaichean innte.
Luchd-aiteachaidh na rioghachd seo —
sluagh sonraichte a chaidh shaoradh
o lagh a pheacaidh agus a bhàis agus
a rinneadh riamh luchd nam bhaile ri

7

na náoimh,

— agus na muinntir teaghlach Dhé.

Is e Críosd fhéin an dorus air am feumar
(dorsair agus an)

dol a steach, ma tha sinn an geall air

sàbhaladh cloinne Dhé a shealbhachadh.

"Is Mise an dorus ma théid neach a steach

tromhamsa, tearnar e, agus théid e'mach

agus a steach, agus gheibh e ionaltradh."

An uair a chuir Dia a Mhac a nall,

bha an saoghal ... air dhroch càramh.

Bha eagal agus fòirneart a' leanmhainn

agus a' sàrachadh a mhòr-shluaigh.

Bha beatha gach duine air bheag luach.
(neach) (far leth)

Ach ged a bha, cha robh aig Críosd

ach aon iochd-shùilè ... nan

n-éucailean sinn uile. Bith ... sin, daoine

aithreachas a dheanamh agus gabhail

ri' theachdaireachd-san.

"Am facal a tha sibh a cluinntinn, cha

leamsa e, ach leis an Athair a chuir

nall mi." Iadsan a ghabh a

chuingsan orra, rinneadh iad na

8/

'n lethid co-phairt de naomhachd Dhé.
Agus 'As eugmhais naomhachd chan fhaic neach air bith Dia."

An eugmhais foghlum o Chriosd chan aithne dhuinn Dia; agus cha chreid sinn na ghràdh athaireil dhuinn.

Mas i crìochnachadh an duine Dia a ghlòrachadh agus a mhealtuinn gu siorraidh, chan 'eil dòigh na seòl eile againn chum sin a dheanamh ach tre a Mhac Iosa Criosd.

Oir tha e soilleir gu leòir, an duine a tha na fhogarach o Dhia, nach eil aon chuid, toil na comas aige chum e fhéin a chur ceart ann fianuis Dhé.

Is naimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé, agus chan 'eil cungaidh-leigheis fo'n ghrein a ghlanas na leigheasas an galair sin, ach an cungaidh leigheis a shonraicheadh le Dia tre chriodaamh ann an Criosd.

"Rinn mo shluagh-sa da olc aingniomh.
threig iad Mise, tòbar nan uisgeachan beò,
agus chladhaich iad a mach dhaibh fhéin
sluichd aodionach nach cum uisge."
Nach iomadh oidhirp a chaidh a dheanamh,
o àm Ieremiah, chum cùisean a rèiteachadh
gun taing do Dhia?
Nach iomadh ionnsaidh a thugadh uair
làimh fhéin chum gnothaichean. a
shuidheachadh a reir ghliocas dhaoine,
's chan ann a reir gliocas Dhé;
Tha cor an t-saoghail, an ceartuair, na
dhearbhadh gu leòir air cho
libideanach 's a bha ar deanadas.
Dh'aindeoin buadhan dhaoine, chan
'eil innleachd ~~fo'n ghrein~~ air thalamh a ni
cordadh ri Dia airson ar n-anam.
Cha dean soirbheachadh ainmeil, -
aig a mheud, ar n-anam a shaoradh.
Tha cuid nach 'eil deònach sin
a chreidsinn. Ach thugadh

iadsan faicear gu 'bheil an crann-ceusaidh
ann an ~~[illegible]~~ teis meadhoin na saorsa, a dheasaicheadh
le Dia airson a chlann caomhail.
Agus is e tagradh an t-Soisgeil nach
'eil ~~ach~~ ainm air bith fo neamh,
air a thabhairt am measg dhaoine,
tre am feud sinn a bhith air ar
tearnadh, ach ainm Iosa Criosd.
Is toil Dhé, agus obair Dhé, sinn
a chreidsinn 'na Mhac, agus a
chrùnadh 'nar beatha mar
Thighearna 's mar Shlanaighear.
Ach dh'aindeoin an fhullachaidh
glòirmhoir a rinn e Dhé as leth pheacach -
dh'aindeoin an dearbhadh a thug
Criosd dhuinn air a ghràdh Athaireil,
agus a dh'aindeoin an soilleireachadh
a thug e dhuinn air ar n-ardfheum
air sìth agus rèite ri Dia, tha cuid
aig nach 'eil suim sam bith ann an
~~[illegible]~~ Dhé 'na rìoghachd.

Chan 'eil leotha tighinn an rathad a tha Criosd, (inn) air eagal seanngaltais a ghnàith. 'Nan aineolas tha iad a roghnachadh cuing a pheacaidh roimh sharran chuimie Dhè'.

Is duilich an gnothach e neach a bhith a bhith aineolach a thaobh an dearbhadh a bheir sìth dha, agus gu h-àraidh; an uair a tha an dearbh ni sin cho pàirt agus an n-aogaidh.

Tha Dia a tairgsinn dhuinne beatha shìorruidh, agus co a their nach 'eil e 'na fheum?

Dòrchaichidh: bràt-sgàile nan sùilean fheòlmhor ar sealladh air nithean spioradail, agus beagaichidh mi-shùim ar tuigse agus ar meas orra.

An uair a thainig am mac struidheil gu ionnsaidh fhéin, chunnaic agus bhreithnich e gnothaichean air dhòigh ùr.

Ann an beachd Chriosd cha robh

ni eile tho cearbach 's suidheachadh
nàm feadhnach a bha, beo gun Dia, gun
dòchas.
Tha robh an cruinne-cè gu lèir, na an
duine le uile bhuadhan, ag ciallachadh
a bheag do ~~Chòir~~ dha, ma bhatar ag call
seallaidh air còir Dhé agus dlighe Dhé.
Than 'eil leigheas na leasachadh air
cor sheachranaich an duine, ach is e a
~~mosglaidh~~ as a chodal agus ~~glaodh~~
* solus-eòlais glòire Dhé, a dealradh
a ghnùis a Mhic, Iosa Criosd.
"~~Bith a bheatha~~ solus ... "
Air ar n-amadh tre ~~chreideamh~~ risan,
gluaisidh sinn mar chloinn an
t-soluis agus bidh ar beatha stèidhichte
air bunait sheòrsaidh Dhé.
Is i noglachd Dhé, uime sin, daingneachd agus
dànachd chruinne a bhith againn 'n ar
n-Athair neamhaidh - earbsa sheasmhach
'na ghinidh agus dearbhbheachd againne gun
"lasaich e ar n-uile a rinn a
shaoibhreas ann an glòir tre Iosa Criosd." Amen